



Tìotal: Mar a bhios inbhich a’ planadh agus a’ cur stad air leatromachd: casg-gin agus condoman

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
'S urrainn dhomh innse mar tha beatha duine a’ tòiseachadh agus mar a tha naoidhean ga bhreith. HWB 2-50a	<ul style="list-style-type: none">A’ toirt adhbharan airson cleachdadh casg-ghin, mar eisimpleir airson stad a chur air leatromachd agus dìon bho ghalaran.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann carson a rachadh casg-gin a chleachdadh

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh innse carson a tha casg-gin ga chleachdadh
- 'S urrainn dhomh innse carson a thathar a’ cleachdadh chondoman.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint

NÒT: Tha am pìos goirid seo a’ toirt fiosrachadh dhan chloinn mu chasg-gin agus condoman. Bu chòir dha tighinn às dèidh **Mar a tha beatha neach a’ tòiseachadh, leatromachd agus breith.** (Dh’fhaodadh an leasan cuideachd leantainn air **Ciamar a bhios daoine ri feise/dè bhios iad a’ dèanamh?** Ma tha sibh air seo a dhèanamh). Tha e goirid bhon a tha e ag amas air fiosrachadh bunaiteach a thoirt dhan chloinn. 'S dòcha gum bi ceistean aig a’ chloinn 's gum bi e feumail a dhol thairis air na stuthan barrachd 's aon turas airson a bhith cinnteach à tuigse.

Obair

1. Cuir seachad beagan ùine còmhla ris a' chloinn a' dol thairis air na dh'ionnsaich iad ann an **Mar a tha beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith** (agus ma tha iad air obair a dhèanamh air a' chuspair 'Mar a bhios daoine ri feise')
2. Thoir -steach am beachd nach bi daoine airson fàs trom le pàiste/gum bi pàiste aca ma bhios iad ri feise mar seo: *Dh'ionnsaich sinn gum urrainn boireannach fàs trom le pàiste nuair a bhios fireannach agus boireannach ri feise. Ma tha na h-inbhich ag iarraidh seo, tha sin math. Ach 's dòcha nach eil iad ga iarraidh.* Faighnich: *An urrainn dhuibh smaoineachadh air adhbharan sam bith nach biodh inbhich ag iarraidh bèibidh a bhith aca?* Èist ris na beachdan aca agus inns gu bheil rudan ann as urrainn do dh'inbhich a dhèanamh airso a bhith cinnteach nach bi bèibidh aca, agus gur ann air an sin a tha an leasan seo.
3. Iarr air a' chloinn meòrachadh airson mionaid feuch an cuala iad riamh gin dhe na faclan a th' air an t-slaighd – can nach fhaighnich thu ceistean dhaibh idir, 's e na faclan: **Casg-gin agus Condoman.** Inns gun ionnsaich iad tuilleadh sna slaighdean a leanas mu na rudan sin agus mar a tha iad ag obair airson dèanamh cinnteach nach fàs boireannach trom le pàiste agus nach bi fireannaich agus boireannaich nam pàrantan ach len toil.
4. Cleachd an sreath shlaighean a leanas mu chag-gin agus condoman, a' stad airson dèanamh cinnteach à tuigse mar a tha thu a' dol air adhart. Seo am fiosrachadh a th' air na slaighdean:

Carson a bhios daoine a' cleachdadh casg-gin?

Nuair a bhios fireannach agus boireannach ri feise, bidh am fireannach a' sìolachadh ann am faighean a' bhoireannaich. Ma choinnicheas an sìol ri ugh a' bhoireannaich, faodaidh i fàs trom le pàiste. Ma tha boireannach agus fireannach ri feise ach nach eil iad ag iarraidh pàiste, 's urrainn dhaibh casg-gin a chleachdadh. Faodaidh am boireannach agus am fireannach bruidhinn mun t-seòrsa casg-gin as fhèarr a dh'obraicheas dhàibhsan.

Tha diofar sheòrsaichean casg-gin ann as urrainn boireannaich a chleachdadh.

Faodaidh boireannach pile a ghabhail, in-stealladh) fhaighinn, no gabhaidh bior beag sa bheil hormòn a chur fo chraiceann a gàirdein.

'S e ìocshlaint a th' anna seo a chuireas stad air leatromachd ann am boireannaich.

Chan eil ann ach aon seòrsa casg-gin do dh'fhireannaich.

'S e condom a th' ann. Bidh fireannach a' cur condom air a' bhod nuair a tha am bod na sheasamh. Nuair a tha fireannach ri feise, bidh an sìol a' tighinn às a' bhod nuair a bhios e a' sìolachadh. Bidh an sìol a' fuireach sa chondom an àite a bhith a' dol a-steach a dh'fhaighean a' bhoireannaich. Mar sin chan urrainn dhan t-sìol coinneachadh ris an ugh.

Tha condom ann do bhoireannaich cuideachd.

Tha condom boireannaich a' suidhe am broinn an fhaighean aice.

Nuair a tha i ri feise, bidh sìol an duine a' tighinn a-mach nuair a bhios e a' sìolachadh. Bidh an sìol a' cruinneachadh sa chondom.

Mar sin chan urrainn dhan t-sìol coinneachadh ris an ugh.

Bidh condoman a' dìon cuideachd.

Ma tha galar gabhaltach fiseil (STI) air inbheach, faodaidh e a thoirt de neach eile tro fheise.

Ma chleachdas fireannach no boireannach condom, bidh seo gan dìon bhon STI.

5. Dèan còmhradh air ceistean no beachdan sam bith a dh'èireas. Airson crìochnachadh, can gu bheil tòrr fiosrachaidh an seo airson smaoinichadh air, agus gum faod a' chlann ceistean fhaighneachd aig àm sam bith.

Ceangal ris an dachaigh

Gabhaidh an teacsa gu h-ìosal a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo.

Tha a' chlann a' leantainn orra ag ionnsachadh mu dhàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd. Tha sinn mar-thà air ionnsachadh mar a tha beatha neach a' tòiseachadh, a' smaoinichadh air gineadh, leatromachd agus breith. Tha sinn cuideachd air ionnsachadh dè th' ann am feise. Bidh ceistean aig clann aig an aois seo mu chasg-gin agus condoman. Mar sin bidh sinn a' toirt fiosrachadh dhan chloinn mu na rudan seo.

Nòtaichean Tidseir

